

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 8 | 2017 | AN LÙNASDAL



## Facal Toisich

Nuair a sgrìobh mi seo, bha tuathanaich agus croitearan bharr Ghalldachd agus Ghàidhealtachd, agus à iomadh ceàrn den t-saoghal air tighinn cruinn ann an Dùn Eideann airson Fèill an Aiteachais.

Tha obair fearainn glè chudthromach ann am beatha na h-Alba. Tha croitearan agus tuathanaich glè thric aig teis-madhan beatha na h-Eaglais air feadh na dùthcha. Tha mòran dhiùbh 'nan luchd-dreuchd air an dùthaich agus anns a' bhaile mhòr.

Tha cùisean mì-chinnteach agus sinn a' dol a chur cùil ri Margadh na h-Eòrpa. Chan eil fios dè a' bhuaidh a bhios aig na h-atharrachaidhean sin air beatha agus beòshlaint na rìoghachd. Ann an Alba tha sinn an crochadh gu mòr air an fhairge agus air an fhearann. Tha sinn an dòchas nach bi droch bhuaidh aig an t-suidheachadh ùr air cosnaidhean.

Tha còir againn a bhith ag ùrnaigh airson an t-sluaigh air fad air feadh na dùthcha air Ghalldachd agus air Ghàidhealtachd. Bhiodh an salmair a' tighinn gu Dia ann an ùrnaigh airson an t-sluaigh gu lèir, bochd agus beartach. Tha feum aig ar dùthaich air spiorad na h-ùrnaigh, gu h-uaigneach agus gu follaiseach, nar dachaighean agus nar taighean-adhraidh.

Le beannachdan mòra dhuibh uile,

**Ruairidh MacLeòid**



Seo mar a bha baile Mhionaid ann am Meadhan Earra Ghàidheal ceud bliadhna air ais. Aig an àm sin bhuineadh a' chuid mhòr de mhuintir a' bhaile don Eaglais Shaoir agus bha a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid den t-sliagh. Chì sibh an eaglais anns an dealbh. Cha robh ach coitheanal beag aig an Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Mionard anns na bliadhnan sin.

## Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu obair thuathachais. Coltach ris na Gàidheil bha na h-lùdhaich an crochadh gu mòr air toradh na talmhainn. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cia meud bliadhna an dèidh a chèile a bha an sluagh a' cur an fhearainn? (Ecsodus caibideil 23.)
2. Lìon a' bheàrn seo – “Toradh---- d'arbhar, agus d'fhìon.” (Deuteronomi, caibideil 7.)
3. Cò ris a tha rìoghachd Dhè air a samhhlachadh? (Marcus, caibideil 4.)
4. Shuidhich Pòl; cò a dh'uisgich? (1 Corintianaich, caibideil 3.)

# Searmon Beag

**Tha mi a' fàgail sìthe agaibh, mo shith-sa tha mi a' toirt dhuibh. (Soisgeul Eòin 14:27)**

A bheil mòran rudan air an t-saoghal cho luachmhor ri sìth? Tuigidh sinn sin nuair a ghabhas sinn beachd air cho tric agus a chì sinn an t-sìth air a mhilleadh agus air a bhristeadh anns an t-saoghal anns a bheil sinn beò. Chunnaic sinn sin bho chionn beagan sheachdainean ann am Manchester agus ann an Lunnainn nuair a rinn luchd-millidh agus olc 'nan cridhe sgrios a bha uamhasach air daoine neo-chiontach. Agus chan eil an sin ach beagan den ùpraid a tha a' dol air adhart air feadh an t-saoghail.

Tron t-samhradh bidh daoine a' tadhal air àiteachan air Ghàidhealtachd far an lorg iad fois, air an tràigh, air a' mhachair, no am measg nam beann. Bidh iad a' cur seachad am beatha anns na bailtean mòra mu dheas agus tha na h-àiteachan sàmhach sìtheil mu thuath gan tarraing.

Anns a' Bhìoball tha iomadh ainm briagha aig Iosa. Ach a bheil ainm cho prìseil ris a tiodal a tha againn ann am fàidheadaireachd Isaiah – Prionnsa na sìthe. Dè a tha air a ghabhail a-steach anns an ainm seo?

An toiseach tha am Bìoball a' dèanamh soilleir gun tàinig Iosa airson sìth a dhèanamh eadar an duine agus Dia.

Air tùs bha co-chomann gun bhristeadh eadar an creutair agus an Cruthaidhear. Ach thàinig am peacadh a-steach agus rinn e milleadh air an dàimh a bha sin. Tha am Bìoball a' teagasg gun do chuir ar peacaidhean dealachadh eadar sinne agus ar Dia. 'S e sin an

còmhnaidh buaidh a' pheacaidh air beatha an duine.

Ach 's e naidheachd mhòr an t-soisgeil gun tàinig Iosa airson rèite a dhèanamh eadar Dia naomh agus daoine peacach. Ghiùlain E ar peacaidhean 'na chorp fhèin air a' chrann-cheusaidh.

'S e rèite am facal mòr a tha aig Pòl 'na litrichean. 'S e soisgeul na rèite a tha sinn a' searmonachadh an-diugh. Tha sinn a' leughadh cuideachd gun tàinig Iosa airson sìth a dhèanamh eadar duine agus duine.

Tha Pòl a' sgrìobhadh gun do bhrist Crìosd sìos balla meadhanach an eadar-dhealachaidh. Bha e a' smaoineachadh gu sònraichte air a' ghàradh-chrìche a bha anns an teampall a bha a' dèanamh sgaraidh eadar lùdhaich agus cinnich. Cha robh cead aig daoine nach robh 'nan lùdhaich a dhol ceum seachad air a' chrìch sin. Ach tha Iosa air gach gàradh a thoirt air falbh.

Anns an t-saoghal anns a bheil sinne beò tha iomadh sgaradh ann. Ach ann an Iosa chan eil dealachadh eadar fir agus mnathan, eadar dubh agus geal. An toiseach 's e duine cumhang a bha ann am Pòl ach tha e a-nis a' sgrìobhadh gur aon sinn uile ann an Iosa Crìosd.

Anns a' Bhìoball cuideachd chì sinn gun tàinig Iosa airson sìth a thoirt dhuinn nar cridhe. Sìth eadar an duine ach Dia; sìth eadar duine agus duine; agus sìth anns a' chridhe a-staigh. Tha mi a' fàgail sìthe agaibh, thubhairt Iosa ris na deisciobail an oidhche sin anns an t-seòmar uachdarachd. Cha robh nì luachmhor aige a dh'fhàgadh E aca mar dhìleab, ach gheall E dhaibh rud-eigin na bu phrìseile buileach – sìth. Bha iad beò ann an saoghal cunnartach, saoghal aimhriteach, dìreach mar a tha sinne an-diugh. Ach dh'fhaodadh sìth a bhith aca 'nan cridhe a dh'aindeoin dè a bha a' tachairt mun cuairt orra. Thubhairt Iosa, Thigibh am ionnsaigh, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise saimhneas dhuibh. Tha an gealladh prìseil sin a' seasamh a-diugh mar a bha e anns e anns na linntean a dh'fhalbh. Glèidhidh Tu esan ann an sìth iomlain aig a bheil inntinn suidhichte ort.

## Leabhraichean

Tha an t-ùghdar air obair ionmholta a dhèanamh ann a bhith a' toirt nan cuimhneachan a tha aige còmhla agus tòrr fiosrachaidh eile anns an leabhar ùr seo.

Tha Mionaid anns an sgrìobhadh ann an robh Fear-deasachaidh nan Duilleag 'na mhinistear eadar 1985 agus 2011. Rugadh agus thogadh Ernest Mac an Tuairneir anns a' bhaile ann an 1933 agus chaidh a thogail don Chabhlaich Rìoghail. Chaidh e an ceann a chosnadh ann an Sasainn, ach chùim e cuimhne mhionaideach air mar a bha am baile-iasgaich seo taobh Loch Fin ann làithean 'òige.

Tha fiosrachadh an seo air dòigh-beatha an t-sluaigh, anns a' chuairidh, air an fhearann, aig muir, anns an sgoil, anns

**Minard. A Compendium of a Lochyneside Community 1933 to 1952.**

**Ernest MacKellar Turner.**


**(Air fhoillseachadh Busdubh Books, Dùn Eideann. £6)**

an eaglais, anns an talla a thog an t-uachdaran do shluagh a' bhaile, far an do chuireadh an leabhar air bhog anna an luchar, beatha làitheil agus cur-seachadan, ann an sìth agus ri àm cogaidh. Nuair a bha an t-ùghdar anns an sgoil bha Ruairidh Caimbeul à Leòdhas, a bha 'na bhàrd aig a' Chomunn Ghàidhealach, a' teagasg innte.

Tha dealbhannan anns an leabhar seo a tha a' cur gu mòr ri a luach, dealbhannan-làimhe agus feadhainn air an togail le camera. Còrdaidh e ri leughadairean à Earra Ghàidheal agus air feadh na Gàidhealtachd. Tha e a' toirt seallaidh dhuinn air cleachdaidhean a tha air a dhol à bith anns an latha anns a bheil sinne beò.

# MILE TAING AGUS DEAGH DHURACHD

'S e seo an iris mu dheireadh de Na Duilleagan Gàidhlig a bhios am Fear-deasachaidh ag ullachadh. Nuair a ghabh mi an obair os làimh ann an 1980, cha robh dùil agam gum bithinn cho fada anns an dreuchd. Tha mi fo fhiachan mòra don fheadhainn a thug taic agus misneachadh dhomh rè nam bliadhnan, gu h-àraidh luchd-sgrìobhadh.



An t-Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain, a bha 'na Fhear-deasachaidh air Na Duilleagan Gàidhlig gu 1980.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Is Tusa Crìosd, mac an Dè bheò." (Thou art the Christ, the son of the living God.) Tha na faclan sin ann ann soisgeul Mhata, an siathamh caibideil deug, aig an t-siathamh rann deug. (Matthew 16:16.) 'S e Peadar a thubhairt seo. Bha beachdan eadar-dhealaichte aig daoine air Crìosd. Cha robh a h-uile beachd a bha aig Peadar ceart. Ach bha a bheachd fìor an seo.

Nuair a sgrìobh mi an colbh seo cha robh mòran teas againn ann an Earra Ghàidheal. Bha truas agam ris an luchd-turais a bha a' coiseachd nan sràid nuair a bha an t-side fliuch. Ach bidh dòchas againn gun tig teas roimh dheireadh an fhoghair. Bha làithean grianach againn toiseach an t-samhraidh.

# An t-Urr. Dòmhnall Peutan (1932-2017)

Bidh ionndrain mhòr ann an iomadh àite air an Urr. Dòmhnall Peutan, a chaochail anns an Og-mhìos aig aois cheithir fichead agus ceithir. Rugadh e ann an Cùl nan Cnoc ans an Eilean Sgitheanach, far an robh 'athair 'na mhiseanaraidh. Anns an fhòghlam dhearbha e a chomasan nuair a thug e a-mach MA BD agus MTh.

Ann an 1961 chaidh a phòsadh ri eaglais Ghàidhlig Ghrianaig. Ann an 1965 chaidh a chur air leth mar mhinistear-airm. Bha e freagarrach gu robh e bliadhachan suidhichte mar mhinistear aig an arm ann am Beinn na Fadhlà.

Ann an 1982 bha Mgr. Peutan air ais mar mhinistear-sgìre nuair a chaidh a shuidheachadh ann an eilean a bhreith, ann an Cille Mhoire agus Steiseal. Ann an 1988 ghluais e gu Gleann Eilge agus Cinn t-Sàile.

Bidh cuimhne air Dòmhnall Peutan mar shearmonaiche comasach agus mar aoghair dìleas, anns an Arm agus anns na sgìrean anns an do shaothraich e gu dìcheallach. Fìor dhuine càirdeil Crìosdail.

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinn-eadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, Gu fìrinneach b'e seo Mac Dhè. 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghal-ile, a' frithealadh dha:

**28** An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaic-inn na h-uaigne. 2 Agus, feuch, bha crith-thalmhainn

Seanfhacal airson na mìos seo: "Cha e an ro-chabhadh as fheàrr." (Great haste is not best.) Caillidh sinn iomadh beannachd ma tha cus cabhaig oirnn. Thèid sinn ceàrr ma bhios sinn ro-luath le ar beachd air duine no air suidheachadh. Tha sin fìor a thaobh nithean tìmeil agus nithean spioradail. Ann an rèis chan e an duine a bhios air thoiseach air tusa a bhios air thoiseach aig an deireadh.

'S toigh leam a bhith a' leughadh. Bidh mi a' ceannach dà phàipear-naidheachd a h-uile latha, pàipear Gàidhealach agus pàipear eile le naidheachdan an t-saoghail. 'S toigh leam cuideachd a bhith a' leughadh leabhraichean, gu h-àraidh ma tha iad ann an Gàidhlig, rosg agus bàrdachd.



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

# Thall's a-Bhos

## RANN

Aig na seirbheisean Gàidhlig ann an Earra Ghaidheal gach mìos bidh sinn a' seinn cuid de a dàin a gheibhear anns An Laoid-headair, a an-co-chruinneachadh a chaidh fhoillseachadh ann an 1935. Seo rann anns an laoidh, The King of Love my Shepherd is, air eadar-theagachadh gu comasach gu Gàidhlig leis an Oll. Urr. Gilleasbaig Dòmhnallach. Tha an laoidh air a stèidheachadh air briathran an treas salm thar fhichead.

*'S e Rìgh a' ghràidh mo Bhuachaill caomh,  
Cha trèig a ghràs gu sìorraidh;  
A bhith gu bràth 'na chomann naomh,  
An còrr cha bhi mi ag iarraidh.*

## MANSA UR

Nar latha-ne tha sinn tric a' cluinntinn mu sheann mhansaichean a bhith air an reic. 'S e naidheachd mhath a tha ann nuair a chluinneas sinn mu mhansa ùr ga thogail. Bha grunn mhansaichean ann an sgìr Uige ann an Leòdhas ach a-nis bidh mansa ùr aig coitheanal Eaglais na h-Alba anns an sgìr seo aig a bheil eachdraidh cho sònraichte ann am beatha spioradail na Gàidhealtachd.

## AITHISG GHÀIDHLIG

Tha Oilthaigh Dhùn Eideann a' foillseachadh iris don fheadhainn a fhuair ceum on oilthaigh. An turas seo tha annas ann – a' cheud turas a chaidh pìos sgrìobhaidh fhoillseachadh ann an Gàidhlig. 'S e a tha seo measadh leis an Oll. Wilson MacLeòid air an leabhar ùr bàrdachd aig Dòmhnall Meek, Sreathan anns a' Ghainmhich.

## COMANN GAIDHLIG INBHIR NIS

Riamh bho chaidh a stèideachadh ann a 1871 tha Comunn Gàidhlig Inbhir Nis air coinneamhan a chumail agus pàipearan fhoillseachadh anns am bì ùidh aig leughadairean nan Duilleagan Gàidhlig. Tha prògram nan coinneamhan airson na h-ath bhliadhna a-nis air a chlà-bhualadh. Anns a t-Samhain bidh Mark Wringe a' bruidheann air ceithir cheud bliadhna de chlà-bhualaidhean Gàidhlig, a' tòiseachadh leis an leabhar aig Iain Carswell, An Càrsalach Mòr.

## ADHBHAR GAIRE

Nuair a bha e 'na mhinistear anns an Eilean Sgitheanach, thadhail an t-Urr. Dòmhnall Peutan, nach maireann, air tè anns

a' choitheanal a bha còrr is ceud. "Chunnaic mi do bhràthair an latha roimhe," ars am ministear, "tha e a' coimhead glè mhath." "'S e a dh'fhaodas," fhreagair ise, "tha 'n òige aige." Cha robh a bràthair ach beagan is ceithir fichead!

## ATH-CHLO-BHUALADH

Bidh luchd-leughaidh toilichte a chluinntinn gu bheil ann leabhar aig an Urr. Murchadh Caimbeul, From Grace to Glory, air a chlà-bhualadh as-ùr. Bhuineadh Mgr. Caimbeul do Nis ann an Leòdhas.

# Urnaigh

A Dhè ar n-athraichean,  
bheannaich Thu an fheadhainn  
a chaidh romhainn  
ann an cogadh agus ann an sìth,  
ann am fois agus coimhstrith.  
Tha sinn ag iarraidh do bheannachd oirne,  
mar shluagh agus mar eaglais,  
gu h-aimsireil agus gu spioradail,  
anns an linn anns a bheil sinne beò,  
aig an taigh agus thall thairis.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Thogadh grunn eaglaisean  
as leth na h-Eaglais Shaoir Aonaichte  
an deidh 1900.  
Seo an togalach ann am Mionaird  
ann an Earra Ghaidheal.